

Nighean Bhàn Achadh Luachrach



O gach taobh 'gan séid a' ghaoth,
'S ro chaomh leam fhìn on tuath i,
Oir 'sann tha fuireach reul mo ghràidh,
A dh'fhàg mo shaoghal luaineach.

Ged tha an-diugh mi stòras gann,
Gun chrò, gun chrann air cluaintibh,
Leughainn fhìn duit iomadh cainnt,
As b' eòl domh peann a ghluasad.

'S ann air coinneamh san Taigh Mhaol,
A rinn do ghaol mi bhuaireadh,
Do dhà shùil chorrach, mheallach, chaoim,
San aodan 's nach eul gruaimin.

Bhuail mo chridhe uair no dhà,
Aig meud mo ghràidh don ghruaigich,
Oir 's i siud reul mo ghràidh,
Nighean Àlainn Achadh Luachrach.

Ged a bhithinn-s' air an fhéill,
Am measg nan ceudan gruagach,
Nam faicinn ann mo Sheonaid bhàn,
Cha chuirinn càch ach suarach.

Ged a rachainn-se gun dàil,
Gu 'Strailia thar chuantaibh,
Cha leig mi as mo chridh' gu bràth,
Nighean Àlainn Achadh Luachrach.